

# Tadhal air ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd ann an Comhairle nan Eilean Siar

11 Faoilleach 2022

# Clàr-innse

1. Cùl-fhiosrachadh .....	1
2. CLD sa cho-theacsa làithreach .....	1
3. Adhartas le molaidhean bhon sgrùdadh a rinneadh roimhe .....	2
4. Dè thachras a-nis? .....	3



# 1. Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithris seo a' leantainn air tadhal a rinneadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) gu Comhairle nan Eilean Siar gus sùil a thoirt air an ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd (CLD) a thathar a' solarachadh. Tha seo a' leantainn air sgrùdadh a rinneadh roimhe far an deach aontachadh gun robh tuilleadh conaltraidh a dhìth. Fhad 's a bha sinn a' tadhal, choinnich sinn ri oifigearan an ùghdarras ionadail, com-pàirtichean CLD, luchd-obrach, saor-thoilich, luchd-ionnsachaidh agus riochdairean coimhearsnachd. Tha an conaltradh seo air ar cuideachadh gus barrachd ionnsachadh mu mar a thugadh taic do luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan tron ghalar mhòr-sgaoilte COVID-19. Chuala sinn cuideachd mu dhòighean-obrach a tha air a bhith ag obair gu math gus taic a thoirt do shlàinte is sunnd agus ionnsachadh. Bha còmhraidhean againn cuideachd air an adhartas a thathar a' dèanamh gus na molaidhean bhon sgrùdadh thùsail a thoirt air adhart.

Tha an aithris seo a' mìneachadh na lorg sinn nuair a thadhail sinn.

## 2. CLD sa cho-theacsa làithreach

Tha Comhairle nan Eilean Siar a' còmhachadh sgìre a tha farsaing a thaobh cruinn-eòlais agus sgapte thairis air grunn eileanan. Dh'adhbharaich COVID-19 àrdachadh mòr ann an cunnart gum biodh daoine a' fulang aonaranachd shòisealta anns na coimhearsnachdan a tha, sa mhòr-chuid, dùthchail. Chaidh luchd-obrach ann an grunn bhuidhnean a chur gu obraichean eile gus taic èiginneach COVID-19 a thoirt seachad, agus aig amannan bha seo a' cur buaireadh ann am planadh agus solarachadh taobhan de CLD. Ach chaidh dòighean-obrach a fhreagarrachadh le com-pàirteachasan, fòraman agus luchd-cleachdaidh CLD air feadh nan eileanan gus na feumalachdan a chruthaich le COVID-19 ann an 2020 a choileanadh. Thug com-pàirtichean CLD taic do shaor-thoilich gu h-èifeachdadh, agus coimhearsnachdan a' tighinn ri chèile airson dèiligeadh ris na feumalachdan-cùraim a bh' aig daoine fa leth agus aig teaghlachan. Bha saor-thoilich den h-uile aois, luchd-cleachdaidh agus gnothachasan ionadail gan cur fhèin air dòigh gus solaran deatamach a lìbhrigeadh, leithid biadh agus òrdughan-cungaidh, agus co-luadar a dhèanamh rè ùineachan nuair a bha sgoiltean is goireasan dùinte. Mar eisimpleir, chaidh banca-bidh Bharbhais, a tha air a ruith le saor-thoilich, a chur air bhonn mar fhreagairt ri cùisean bochdainn-bhìdh san sgìre rè a' ghalair mhòr-sgaoilte. Sna 18 mìosan mu dheireadh, tha mu 1,800 duine fa leth, a' fuireach taobh a-staigh radius de 50 mìle, air buannachd fhaighinn às na 670 pasganan-bidh a chaidh a sholarachadh.

Aig toiseach COVID-19, bha luchd-cleachdaidh is saor-thoilich CLD ag obair gu cruaidh gus an comas didseatach a mheudachadh air chor 's gun rachadh aca air conaltradh a dhèanamh air-loidhne ri luchd-ionnsachaidh is luchd-iomairt coimhearsnachd. Thàinig iad ri chèile gu math cuideachd gus comas a thoirt do luchd-còmhnaidh airson cothrom fhaighinn air uidheaman didseatach a bharrachd air comhairle. Tha iomadh eisimpleir ann far an robh com-pàirtichean a' lìbhrigeadh solar CLD air-loidhne gu h-èifeachdach. Mar eisimpleir, rè ùineachan nuair a bha goireasan is sgoiltean dùinte, thàinig com-pàirtichean CLD is slàinte ri chèile gus seiseanan-craic air-loidhne a leasachadh airson daoine òga gach Dihaoine. Chaidh uidheaman didseatach a chleachdadh gu math gus measadh a dhèanamh air gach seisean agus taic a thoirt do chòmhraidhean mu shlàinte is sunnd. Thathar cuideachd a' leasachadh solar CLD ùr,

leithid buidheann-òigridh air atharrachadh gnàth-shìde. Tha a' bhuidheann-òigridh seo a' faighinn deagh thaic bho luchd-cleachdaidh gus cùisean àrainneachd a rannsachadh agus a choinneachadh ri riochdairean taghte gus obair-ghnìomha iarraidh orra. Tha an t-seirbheis Ionnsachadh Inbhich a' cumail orra a' libhrigeadh nam prògraman aca air-loidhne. Tha seo a' gabhail a-steach libhrigeadh chlasaichean Gàidhlig air-loidhne, far a bheil na thathar a' tairgse air fàs tro chom-pàirteachasan meudaichte eadar ionnsachadh inbhich, e-Sgoil agus Colaisde a' Chaisteil. Mar thoradh air sin, tha àireamhan a' fàs.

A dh'aindheoin a' ghalair mhòr-sgaoilte, tha com-pàirtichean CLD a' cumail orra a' leasachadh structaran com-pàirteachais gus taic a thoirt do dh'obair-ghnìomha ionadail gus feumalachdan a choileanadh. Tha fòraman is com-pàirteachasan sgìre a' cumail orra a' freagarrachadh an cuid phlanaichean is dòighean-obrach gus dèanamh cinnteach gun tèid aca air freagairt ris na feuman ionadail a chaidh a chruthachadh le COVID-19. Tha modhan-obrach cruthachail a' leigeil le seirbheisean is prògraman a chumail a' dol. Mar eisimpleir, na planaichean is maoinachadh a chaidh a chur air dòigh o chionn ghoirid gus leigeil leis a' Chomunn Eachdraidh na taisbeanaidhean aca a mheudachadh a-mach gu àrainneachd air a' bhlàr a-muigh. Ann a bhith a' toirt taic do dh'ath-shlànachadh, 's e dùbhlàn leantainneach an cunnart gum bi saor-thoilich, luchd-cleachdaidh agus coimhearsnachdan air an claidheadh bho bhith a' freagairt ris na cùisean a bhios an galar mòr-sgaoilte a' cruthachadh. Tha feum ann fhathast airson beachdachadh air mar a bheirear taic dhaibh uile agus COVID-19 a' leantainn air. Tha grunn bhuidhnean coimhearsnachd a' faireachdainn gum faigheadh iad buannachd à tuilleadh ion-chur bho chom-pàirtichean CLD. 'S fhiach ath-bhreithneachadh a dhèanamh air mar a tha goireasan nan com-pàirtichean CLD uile gu lèir gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid aig buidhnean air an taic as fheàrr faighinn air a bheil iad a dhìth. Bu chòir do dh'àrd-cheannardan a-nis beachdachadh air mar as fheàrr a b' urrainnear a bhith a' clàradh, a' comharrachadh agus a' togail air an obair a rinneadh le coimhearsnachdan, luchd-cleachdaidh agus com-pàirtichean tron ghalar mhòr-sgaoilte. Bidh seo a' cuideachadh gus luchd-cleachdaidh agus saor-thoilich a ghleidheadh ann an dreuchdan, a bharrachd air cumadh a thoirt do phlanadh CLD.

### 3. Adhartas le molaidhean bhon sgrùdadh a rinneadh roimhe

Tha riaghlachas CLD fhathast na raon airson leasachadh. Feumaidh àrd-cheannardan ro-innleachdach a-nis dèanamh cinnteach gu bheilear a' cur an gnìomh modhan-obrach làidir a tha comasach air barantas a thoirt dhaibh gu bheil solar CLD a' coileanadh fheumalachdan prìomhachais. Chaidh buidheann-stiùiridh CLD a chur air bhonn aig deireadh 2020 gus sùil a chumail air planadh CLD. Tha seo air barrachd tuigse a thoirt gu buil air an fheum a th' ann airson com-pàirtichean a thighinn ri chèile gus CLD a phlanadh is a dhearcnachadh. Bhathar a' beachdachadh air, agus a' cur aonta ris, a' phlana CLD 2021-24 o chionn ghoirid gach cuid aig comataidh agus aig a' chom-pàirteachas dealbhadh coimhearsnachd, agus tha am plana a' cur air adhart sreath farsaing de phrìomhachasan CLD coitcheann. Bu chòir do dh'àrd-cheannardan a-nis taic a thoirt don bhuidheann-stiùiridh CLD gus an comasachadh am plana aca a ghabhail os làimh, stiùirean a chomharrachadh agus targaidean soilleir a chur air dòigh. Bidh seo gan cuideachadh gus sùil a chumail air dè cho èifeachdach 's a tha planadh is solarachadh CLD agus dèanamh cinnteach gun tèid aig an ùghdarras ionadail na dleastanasan reachdail aca a choileanadh.

Tha eisimpleirean làidir ann de dh'obair-chom-pàirteachaidh èifeachdach. Bhon a thadhail sinn air an turas mu dheireadh, tha a' phrìomh bhuidheann phàrantan, Comann nam Pàrant, air com-pàirteachas làidir is èifeachdach a stèidheachadh le Bun-sgoil Steòrnabhaigh. Tha seo a' cur ri coimhearsnachd na sgoile, leithid tro bhith a' toirt comas do 155 sgoilear pàirt a ghabhail ann am farpaisean bàrdachd agus seinn aig a' Mhòd o chionn ghoirid. Tha riochdachadh chom-pàirtichean air a' Chom-pàirteachas Ionnsachaidh Inbhich nan Eilean Siar a' dol am meud. Tha buannachdan a' phlana acasan a' gabhail a-steach gu bheil amasan soilleir aige, gu bheil e a' cur air adhart dreachd de shlighean luchd-ionnsachaidh agus gu bheil modhan-obrach aca a thaobh measadh agus aithriseadh. Tha deagh cheanglaichean ann ri builean nàiseanta is ionadail. Tha seo aig ìre thràth fhathast, ach far a bheil an ìre de shealbhadaireachd air builean coitcheann a' dol am meud, agus na clàran-ama a tha ceangailte riutha, bidh seo a' cuideachadh cunntachalachd agus a' toirt taic do riaghlachas an taoibh seo de dh'ionnsachadh coimhearsnachd.

Tha na prògraman ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd a tha air an libhrigeadh le com-pàirtichean CLD a' cumail orra a bhith de dh'àrd-chàileachd agus a' freagairt ri feumalachdan ionadail. Tha com-pàirtichean mothachail gu bheil feum ann fhathast air modh-obrach nas eagarraiche a leasachadh airson co-fhèin-mheasadh. Ged is tric a bhios pròiseactan is raointean-obrach fa leth air am measadh gu math, san fharsaingeachd chan eilear ag aithriseadh air CLD gu leòr agus chan eil ann ach glè bheag de chomas gus far-luach iomlan aig CLD uile gu lèir a nochdadh. Tha structaran aithrisidh airson CLD nas soilleire na bha iad nuair a thadhail sinn air tursan ron seo. Rachadh air togail air seo gus an conaltradh, tuigse agus co-dhùbhlain a mheudachadh eadar structuran com-pàirteachais ionadail, roinneil agus ro-innleachdach. Tha feum ann a-nis gus dèanamh cinnteach gu bheil a' leasachadh cho-thargaidean soillier le tomhasan coileanaidh làidir. Bidh seo a' toirt taic do dh'àrd-amas nan com-pàirtichean CLD a bhith ag innse an stòiridh CLD ann an dòigh nas fheàrr gach cuid do cheannardan ro-innleachdach agus do choimhearsnachdan.

## 4. Dè thachras a-nis?

Mar a thuigear, tha Comhairle nan Eilean Siar agus na com-pàirtichean CLD aca air a bhith a' dèiligeadh ris na dùbhlain an lùib a' ghalair mhòr-sgaoilte COVID-19. Tha luchd-obrach a' cur phlanaichean an gnìomh gus taic a chumail ri ath-shlànachadh. Ach tha feum aig an ùghdarras ionadail agus na com-pàirtichean CLD aca air barrachd ùine gus na raointean airson leasachadh a thoirt air adhart. Bidh sinn a' cumail oirnn a' dèanamh conaltradh ris an ùghdarras ionadail seo, agus bidh sinn ag iarraidh orra aithris air adhartas a thoirt dhuinn taobh a-staigh sia mìosan bhon a rinn sinn tadhal orra. Bidh sinn ag obair còmhla ri Comhairle nan Eilean Siar gus aontachadh a shireadh air dè thachras a-nis, a' gabhail a-steach co-dhiù am feum sinn tadhal orra a-rithist.

Alona Murray  
**Neach-sgrùdaidh na Banrigh**  
11 Faoilleach 2022

**Foghlam Alba  
Taigh Denholm  
Pàirc Gnothachais Almondvale  
Slighe Almondvale  
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA**

**F +44 (0)131 244 4330  
P-d enquiries@educationscotland.gov.scot**

**[www.education.gov.scot](http://www.education.gov.scot)**